

## Dè cho fad 's a mhaireas a' phròiseact?

'S e pròiseact trì bliadhna a th' ann is bidh dà Fhèis, aig a' char as lugha, a' gabhail pàirt gach bliadhna.

## How long will the project last?

*The archiving project is a three year project where at least two Fèisean will be taking part every year.*

## An e pròiseact Gàidhlig a tha seo?

Ged a bhios a' phròiseact ag amas air com-pàirtichean nam Fèis aig a bheil Gàidhlig, bidh sinn a' brosnachadh dhaoine aig nach eil Gàidhlig gus pàirt a ghabhail cuideachd. Tha sinn airson dualchas a chruinneachadh agus a chlàrachadh ann an sgìre sam bith far am bi Fèis ann, chan e dìreach na sgìrean far am bi Gàidhlig ga bruidhinn.

## Is this a Gaelic project?

*Although the project is aimed at Gaelic speaking Fèis participants, we will also encourage all non-Gaelic speaking participants to get involved. Our aim is to collect and record local heritage in areas where the Fèisean are taking place, not only in Gaelic speaking areas.*

## Ciamar a b' urrainn don Fhèis agaibh pàirt a ghabhail ann am pròiseact nan tasglann?

Ma tha ùidh aig an Fhèis agaibh anns a' phròiseact seo, no ma tha barrachd fiosrachaidh a dhìth oirbh, feumaidh sibh bruidhinn ri Emily aig Fèisean nan Gàidheal ro **Dihaoine 14mh An Dùbhlachd 2007**. Airson pàirt a ghabhail anns a' phròiseact, feumaidh iartras-sgrìobhte goirid a bhith a-staigh ro Dihaoine 18mh Am Faoilleach 2008.

## How can your Fèis take part in the archiving project?

*If your Fèis is interested in taking part in the project, or if you would like some more information, please let Emily know before **Friday 14<sup>th</sup> December 2007**. A short written application will be required before Friday 18<sup>th</sup> January 2008.*

Cuiribh fios gu /  
Contact

Emily Edwards  
Oifigear Tasglann  
Fèisean nan Gàidheal  
111 Sràid na h-Acadamaidh  
Inbhir Nis  
IV1 1LX

Fòn / phone:  
(01463) 225559

Post-dealain / email:  
[emily@feisean.org](mailto:emily@feisean.org)



# Pròiseact Nan Tasglann

*The Archiving Project*



## **Mu Phròiseact nan Tasglann**

Tha pròiseact nan tasglann na pròiseact ùr aig Fèisean nan Gàidheal far am bi daoine òga, a tha a' gabhail pàirt anns na Fèisean, a' cruinneachadh agus a' clàrachadh ceòl, òrain agus sgeulachdan ionadail anns na coimhearsnachdan aca fhèin. 'S e cothrom air leth a tha seo do na Fèisean an dualchas ionadail aca fhèin a ghlèidheadh agus àrdachadh agus do chom-pàirtichean barrachd ionnsachadh mu chultar agus traidiseanan nan sgìrean aca fhèin. Cuideachd, bidh cothrom ann do chom-pàirtichean sgìlean ùra sònraichte ionnsachadh anns na seiseanan trèanaidh a bhios Fèisean nan Gàidheal a' cur air dòigh dhaibh. Tha buidseat sònraichte aig Fèisean nan Gàidheal airson na pròiseact seo agus mar sin cha fheum na Fèisean airgead a thogail dhaibh fhèin.

## **About The Archiving Project**

*The archiving project is an exciting new development for Fèisean nan Gàidheal where we aim to encourage Fèis participants to collect and record local tunes, songs and stories in their own communities. This is a great opportunity for the Fèisean to promote and preserve their own local heritage and for young people to discover more about the culture and tradition of their own areas. Participants in the project will also be given the opportunity to develop new skills in collecting and recording through a series of training sessions provided by Fèisean nan Gàidheal. Fèisean nan Gàidheal has an allocated budget for this project so individual Fèisean will not need to raise funds themselves.*

## **Cò bhios a' gabhail pàirt ann am pròiseact nan tasglann?**

Bidh a' phròiseact seo fosgailte don a h-uile Fèis a tha na ball de dh'Fhèisean nan Gàidheal, a' gabhail a-staigh Fèisean far nach bi mòran luchd-labhairt na Gàidhlig agus far nach bi Gàidhlig ga bruidhinn anns a' choimhearsnachd. Mas e sin an dòigh, bhitheamaid toilichte dha-rìribh co-obrachadh a bhith ann eadar Fèisean, gu h-àraidh far am b' urrainn dhuinn cuideachadh a thoirt do chom-pàirtichean na Gàidhlig an cànan aca a chleachdadh. Cuideachd, chuireadh Fèisean nan Gàidheal co-obrachadh sam bith air dòigh dhuibh, nam biodh seo iomchaidh.

## **Who can take part in the archiving project?**

*The archiving project is open to every member of Fèisean nan Gàidheal, including Fèisean which may have very few Gaelic speaking participants and are in areas where Gaelic is no longer spoken in the community. Where this is the case, we would be happy for different Fèisean to work together on this project, particularly where we could create opportunities for Gaelic speaking participants to use their Gaelic. Fèisean nan Gàidheal would organise any collaboration between different Fèisean, if this were required.*

## **Dè nì sinn leis an stuth a thèid a chruinneachadh?**

Tha sinn an dùil an stuth a chleachdadh aig na Fèisean fhèin, mar eisimpleir bidh òrain is puirt ionadail a thèid a chruinneachadh an teagasg aig na Fèisean. Cuideachd, nì sinn leabhran no CD-ROM den stuth airson gach pròiseact agus thèid cuid de na clàraidhean an cur air làrach-lìn Fhèisean nan Gàidheal. Aig deireadh gach pròiseact, cuiridh sinn taisbeanadh air dòigh aig an Fhèis fhèin far am bi cothrom ann don choimhearsnachd cuid den stuth a thèid a chruinneachadh fhaicinn. 'S e rud air leth cudromach a th' ann gun tèid an stuth a bhios air a chruinneachadh a chumail agus a chleachdadh anns na sgìrean às an tàinig e, mar eisimpleir ann an ionadan dualchais, le Comainn Eachdraidh no mar sin.

## **What will we do with the material collected?**

*We hope to use the material at the Fèisean themselves, for example local songs and tunes collected will be taught at the Fèisean. We also intend to make a booklet or CD-ROM of the material collected for each project and a selection of the recordings will be put on the Fèisean nan Gàidheal website. At the end of every project we will have an exhibition at the Fèis itself where members of the community will be given the opportunity to view a selection of the material collected. It is also very important that any material collected is maintained and used in the community from which it came, for example at local heritage centres or with Comainn Eachdraidh etc.*

Cuiribh fios gu / contact Emily Edwards, Oifigear Tasglann, Fèisean nan Gàidheal,

111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis, IV1 1LX

Fòn / phone (01463) 225559 Post-dealain / Email emily@feisean.org